

# Eadar-ghluasad Ceart agus Àiteachan Fiadhaich

## Geàrr-iomradh gnìomha

Mar as urrainn do dhaoine agus àiteachan fiadhaich cuideachadh le cothromachadh càrboin a choileanadh ann an Alba

Thòisich am beachd mu eadar-ghluasad ceart gu cothromachadh càrboin le tuigse gum bu chòir di-chàrbonachadh air cumhachd a bhith air a stiùireadh ann an dòigh a tha a' dìon luchd-obrach agus coimhearsnachdan a tha an eisimeil gnìomhachas connaidhean fosail. Tha e air fàs on uair sin gu bhith na amas leathann gus dèanamh cinnteach gun tèid prothaid is call an eadar-ghluasaid gu neoini lom a sgaoileadh gu farsaing agus gu cothromach.

Mar charthannas glèidhteachais cuimsichte air coimhearsnachd a tha an geall air eòlas, dìon agus càradh àiteachan fiadhaich tarsainn na RA, tha Urras Iain Muir gu làn-chridheach a' cur taic ri prionnsapal eadar-ghluasaid cheart a phòsas ceartas àrainneachdail agus ceartas sòisealta. Sa gheàrr-iomradh seo, tha sinn a' cuimseachadh gu sònraichte air àiteachan fiadhaich na h-Alba agus a' mineachadh cuid de bheachdan gus sealltainn mar as urrainn dhaibh sin cur ri eadar-ghluasad ceart.

Tha sinn a' tuigsinn nach eil gach neach eòlach air no cofhurtail leis an abairt 'àiteachan fiadhaich'. Anns na beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh, tha e air a dhol measail am measg a' phobaill choitcheinn gus iomradh a thoirt air raointean a tha, co-dhiù rim faicinn, a' coimhead nàdarra. Ach do mhòran a tha a' còmhnaidh anns agus mun cuairt air na raointean sin, faodaidh an tuairisgeul seo faireachdainn mar nach eil e a' toirt diù do an làthaireachd no gum faodadh e a bhith na bhacadh air adhartas eaconamach agus sòisealta.

Tha Urras Iain Muir a' creidsinn gum bu chòir cruth-atharrachadh air cleachdadh fearainn gu buannachd gnàth-shìde agus bith-iomadachd a dhèanamh ann an dòigh a tha a' cuideachadh le sgaoileadh air sealbh agus stiùireadh fearainn; a tha ag ath-bheòthachadh

nan raointean às lugha sluaigh againn gu sòisealta, gu h-eaconamach agus gu cultarail; a nì cinnteach gum faigh coimhearsnachdan ionadail co-chuid chothromach de na buannachdan ionmhasail a thig à gnìomhan eaconamach sam bith.

Chan eil na beachdan air an libhrigeadh sa gheàrr-iomradh seo làn-stèidhichte, ach tha sinn an dòchas mar thoiseach tòiseachaidh air còmhraidh leothasan uile aig a bheil ùidh ann an cruth-atharrachadh air an dòigh a tha fearann agus àiteachan fiadhaich na h-Alba gan cleachdadh, ann an sealbh agus gan stiùireadh.

*Leugh am foillseachadh iomlan air Eadar-ghluasad Ceart agus Àiteachan Fiadhaich, agus faigh a-mach tuilleadh aig [johnmuirtrust.org/justtransition](http://johnmuirtrust.org/justtransition)*



# Càrbon agus eadar-ghluasad ceart



Tha comas aig ar n-àiteachan fiadhaich air càrbon a ghluasad agus a stòradh air sgèile anamhòr.

Dh'fhaodadh inbheisteachd mòr-sgèile poblach, priobhaideach agus treas earrainn ann am pròiseactan stèidhichte air nàdar ath-bheothachadh eaconamach a thòiseachadh

tarsainn mòran de ar sgèirean as motha sa bheil gainnead dhaoinne.

Ach feumar maoinachadh càrbon a dhèanamh ceart, gus misneachd a' phobail 's na coimhearsnachd a thogail. Le a bhith a' cur frèam-obrach làidir an àite, dh'fhaodadh Riaghaltas na h-Alba cuideachadh le Alba dhùthchail a stiùireadh a dh'ionnsaigh àm ùr cruth-atharrachail.

Mholamaid do Riaghaltas na h-Alba frèam-obrach làidir a leasachadh airson frith-chothromachadh càrbon le taic bho sgeama creideasachaidh do dh'uchdaran - phoblach, phriobhaideach, coimhearsnachd agus treas earrainn - a bhiodh an dà chuid na chomharra aonta bhon riaghaltas agus na ro-chùmhnant airson maoinachadh poblach.

A thuilleadh air sin, tha sinn a' creidsinn gu bheil cùis ann airson Cìs Fearainn Sgaoilidhean Càrbon, air a deagh dhealbhadh agus air a togail 's air a sgaoileadh le ùghdarrasan ionadail gus dèanamh cinnteach à gèilleadh do chumhachdan tiomnaichte.

Bhiodh seo ag amas air uchdaran mhòra - còrr air 1000 ha - a tha daingean ann an ruith an oighreachdan gun bheachdachadh air na cinn-uidhe phoblach èiginneach a thaobh lasachadh atharrachadh gnàth-shìde agus ath-leasachadh bith-iomadachd. Agus dh'fhaodadh i coimhearsnachdan, croitearan agus luchd-gabhail nas lugha eile a chuideachadh leis an eadar-ghluasad gu càrbon àicheil.

## Gus stòradh càrbon a mheudachadh chun na h-ìre as àirde, ann an dòigh a tha ceart gu sòisealta agus làidir gu h-àrainneachdail, bu mhath le Urras Iain Muir gum faicte:

- Sgeama creideasachaidh 'ìre òir' bho Riaghaltas na h-Alba airson frith-chothromachadh càrbon.
- An sgeama a' daingneachadh sgaoilidhean fìor lom agus làn-sgrùdaichte, agus leasachaidhean bith-iomadachd.
- An sgeama a' daingneachadh riarachadh roinn coimhearsnachd agus com-pàirt coimhearsnachd ann an stiùireadh phròiseactan.
- An sgeama a' prìomhachadh obraichean ionadail agus trèanadh do dhaoinne òga.
- Cìs Fearainn Sgaoilidhean Càrbon (CELT) stiùirichte leis an ùghdarras ionadail air gach gabhaltas-fearainn thairis air 1000 ha stèidhichte air siostam bannaidh.
- Le cead nan cumhachdan tiomnaichte, co-dhiù aon phàirt de theachd-a-steach na Cìse Fearainn Sgaoilidhean Càrbon ga glèidheil gus taic a chumail do choimhearsnachdan, croitearan agus luchd-gabhail beag ann an eadar-ghluasad uaine.

# Bith-iomadachd agus eadar-ghluasad ceart



Tha Alba, mar an còrr den RA agus an saoghal farsaing, a' coimhead ri cùis-èiginn bith-iomadachd gun choimeas ann an eachdraidh a' chinne-dhaonna. A rèir nan Dùthchannan Aonaichte, tha timcheall air aon mhillean gnè bheathaichean is planntais an cunnart a dhol à bith, mòran dhiubh taobh a-staigh dheicheadan bhliadhnaichean.

Ann an Indeacs Slànachd Bith-iomadachd a' tomhas fiadh-bheatha agus àiteachan fiadhaich air an call mar thoradh air gnìomhachd dhaonna ann an 240 dùthaich is ranntair, tha dùthchannan na RA am measg na feadhna as miosa air an t-saoghal: tha Sasainn rangaichte san 7mh àite bhon bhonn; Èirinn a Tuath 12mh; A' Chuimrigh 16mh agus Alba 28mh.

Tha Alba ann an suidheachadh làidir airson a bhith, an àite sin, na dhaingneach do bhith-iomadachd fhìuranta. Tha luach ìosal àiteachais aig ar beanntan, monaidhean agus mòinteach, sgaoilte tarsainn 35,000 cilemeatair ceàrnagach - ach comas àrd bith-iomadachd.

Is e 'comas' am prìomh fhacal an seo. An-dràsta fhèin, tha mòran den fhearann sin falamh de nàdar mar thoradh air cus ionaltraidh, falasgair, drèanadh agus cur eachdraidheil air planntachasan dùmhail coilltearachd choimearsalta.

Thar na linne gu leth a dh'fhalbh, tha cleachdadh fearainn tarsainn na mòr-chuid de thuath na h-Alba air a bhith anabarrach claon ann am fàbhar ùidhean priobhaideach cumhang, agus tha seo air cosgais throm fhàgail air coimhearsnachdan ionadail, an àrainneachd nàdarra agus math na dùthcha san fharsaingeachd. Feumaidh sinn tòiseachadh as ùr.

## Gus cuideachadh le Alba nas uaine agus nas cothromaiche a choileanadh, bu mhath le Urras Iain Muir gum faicte:

- Ath-leasachadh luath air stiùireadh fhèidh agus siostam ceadaidh làidir air monaidhean circe-fraoiche stiùirichte.
- Taic ionmhasail do chroitearan agus tuathanaich bheaga gus an greasad nan gluasad a dh'ionnsaigh àiteachais chàirdeil do nàdar.
- Leudachadh air fearann-coillteach coimhearsnachd ionadail agus croitean fearainn-choilltich.
- Targaid de 50 sa cheud de ghnèithean dùthchasach airson fearann coillteach ùr gus cothromachd fhaotainn eadar obraichean gearr-amail agus cruth-atharrachadh fad-amail air cruthan-tìre, eag-shiostaman agus eaconamaidhean ionadail.
- Ro-innleachd iomlanach gus slànachadh bith-iomadachd a mheudachadh gu làn-ìre, a' gabhail a-steach taigheadas, bun-structar agus còmhdhail a chuireas taic ri obraichean ùra stèidhichte air nàdar ann an sgèirean de ghainnead sluaigh.

## Coimhearsnachdan, ath-leasachadh fearainn agus eadar-ghluasad ceart



Bho shealladh àrainneachdail, tha luach fìor mhòr ann an sgaoidheadh sealbhachd fearainn gus am bi tasgadh dìreach aig àireamh nas motha de dhaoine anns an dòigh sa bheil am fearann ga chleachdadh - gu h-àraid iadsan a tha a' fuireach agus ag obair gu h-ionadail.

Ma tha sinn airson atharrachadh eag-eòlach a chur an gnìomh air an sgèile a tha a dhìth gus dèiligeadh gu ceart ri linntean de sgrios, feumaidh sinn coimhearsnachdan dùthchail a thoirt an lùib phlanaichean agus cho-dhùnaidhean. Bidh cruth-atharrachadh bho na freumhan an-còmhnaidh nas cumhachdaich na atharrachadh air a sparradh bho gu h-àrd.

Chan ann a-mhàin mu dheidhinn sealbhachd a tha ath-leasachadh fearainn. Bu chòir uachdarain - phrìobhaideach, phoblach, carthannais, coimhearsnachd - a bhith air am brosnachadh gus iad fhèin a ghiùlan mar luchd-gleidhidh agus stiùbhardan an fhearainn, le dleastanasan reachdail a thaobh na h-àrainneachd nàdarra, daoine ionadail agus ghinealaichean ri teachd.

Is e pàirt mhòr de lèirsinn Urras Iain Mhuir an ceangal cailte eadar daoine agus am fearann ath-stèidheachadh ann an co-theacs an latha an-diugh. Tha sinn a' cur taic ri obair na feadhna a tha ag amas air cuid de na raointean as gainne sluaigh ath-dhaoineachadh, gus cuideachadh leis an dàimh eadar daoine, an saoghal nàdarra agus cultar traidiseanta ionadail a neartachadh (a' gabhail a-steach na Gàidhlig agus a dualchainntean).

### Gus cuideachadh le sealbhachd fearainn a sgaoidheadh agus coimhearsnachdan ionadail a chumhachdachadh, bu mhath le Urras Iain Muir gum faicte:

- Dùblachadh air Maoin Fearainn na h-Alba ann am buidseat Alba 2023 agus iasadan saor bho riadh do dh' uachdarain coimhearsnachd san amharc.
- Àireamh stèidhichte sa cheud de theachd-a-steach Oighreachd a' Chrùin ri riarachadh do Mhaoin Togail Bearrteis Coimhearsnachd ùr.
- Modalan ùra sealbhachd fearainn coimhearsnachd gan rannsachadh le Coimisean Fearainn na h-Alba.
- Deuchainn ùidh phoblach do dh' eadar-ghluasadan fearainn uile thairis air 1000 heactairean, stèidhichte air slatan-tomhais soilleir àrainneachdail is sòisealta.
- Ath-sgrùdadh air an t-siostam planaidh gus barrachd smachd a thoirt do choimhearsnachdan air co-dhùnaidhean a bheir buaidh air an àrainneachd ionadail.
- Mapa eachdraidheil mionaideach de dh' àiteachan air an tuineachadh roimhe gus cuideachadh le planadh airson ath-dhaoineachadh san àm ri teachd.

## Eaconamaidh dhùthchail agus eadar-ghluasad ceart



Tha eachdraidh dhuilich na Gàidhealtachd bho mheadhan na h-ochdamh linn deug agus na naoidheamh linn deug air dìleab leantainneach fhàgail de dhì-dhaoineachadh agus bochdainn eag-eòlasach. Is iad sin dà thaobh an aon suidheachaidh.

Chan eil neach sam bith airson a dhol air ais gu àm a dh' fhalbh, ach is urrainn dhuinn slàinte àrainneachdail, shòisealta, chultarach is eaconamach na Gàidhealtachd agus ceàrnaidhean bochda eile de thuath iomallach na h-Alba ath-bheòthachadh. Aig cridhe na h-oidhirp sin, tha am fearann.

Tha croitearachd agus tuathanachas air am fighe gu domhainn ann an cultar dùthchail. Bidh eug-samhlachadh aig cridhe an soirbheachais san àm ri teachd, a' gabhail a-steach gnìomhachdan co-cheangailte ri stòradh carboin agus ath-shlànachadh bith-iomadachd.

Tha mòran phrìomhachasan ri farpais airson cleachdadh fearainn: àiteachas, coilltearachd choimearsalta, ath-leasachadh eag-eòlasach, cumhachd ath-nuadhachail, taigheadas, turasachd agus cur-seachadan. An-dràsta fhèin, tha gach roinn ag obair gus an dùilean fhèin a mheudachadh gu làn-ìre, a' leantainn uaireannan gu còmhstri.

Gus làn bhuanachd phoblach a thoirt gu bith bhon fhearann againn, feumaidh sinn, an àite sin, modh-obrach amalaichte. Tha Urras Iain Muir a' cur fàilte air sgeamaichean pileit Com-pàirteachas Cleachdadh Fearainn Roinneil agus a' cuideachadh le aon de na pròiseactan sin a stèidheachadh - Iar Thuath 2045, iomairt stiùirichte leis a' choimhearsnachd, air a togail bhon bhonn suas seach bhon mhullach sìos, le lèirsinn de dh' ath-bheòthachadh eaconamach, sòisealta agus àrainneachdail air aon de na sgìrean as lugha sluaigh ann an Alba.

### Gus cuideachadh le ar raointean as lugha sluaigh ath-bheòthachadh, bu mhath le Urras Iain Muir gum faicte:

- Ionadan gnothachais is nàbaidheachd sòisealta 20-mionaid air am frithealadh le còmh-dhail phoblach aig prìs reusanta.
- Bann-leathann de dh' astar àrd-luath anns gach togalach, còmhla ri ceanglaichean 4G no 5G.
- Tuilleadh leudachaidh air àrainnean Oilthigh na Gàidhealtachd 's nan Eilean gu sgìrean dùthchail nas iomallaiche le cuimse làidir air cuspairean co-cheangailte ri fearann agus Gàidhlig.
- Banca Fearainn Nàiseanta gus fearann fhaotainn a tha freagarrach airson taigheadas-còmhnaidh maireannach aig prìs reusanta.
- Modh-obrach eile a thaobh turasachd a tha a' gluasad seachad air seallaidhean agus ag amalachadh cruth-tìre, cultar, dualchas, ealain agus eag-eòlas.
- Taic ionmhasail leantainneach do choimhearsnachdan tuathanachais ann an Sgìrean Fo-leasaichte, le cuimse làidir air carbon agus bith-iomadachd.

# Cumhachd ath-nuadhachail agus eadar-ghluasad ceart



Tha Urras Iain Muir a' cur làn-taic ris na targaidean gnàth-shìde àrd-amasail agus dàna aig Riaghaltas na h-Alba. Tha sinn a' tuigsinn gum bi feum aig Cothromachadh Càrboin (Neoini Lom) ro 2045 air leudachadh air ar roinn ath-nuadhachail taobh ri taobh le lùghdachadh air ar cleachdadh cumhachd agus ath-leasachadh air mòinteach irioslaichte

agus fearann coille dhùthchail lùghdaichte.

Tha seo a' cur dùbhlann mòr romhainn. Ciamar a bhios sinn a' dì-chàrbònachadh gintinn cumhachd agus aig an aon àm a' dìon ar smhaoinean nàdarra agus a' dèanamh cinnteach gu bheil buannachdan eaconamach bho stuthan ath-nuadhachail air an sgaoileadh nas cothromaiche?

Tha taobhan àicheil cudromach air a' mhodal gnothachais den 20 bliadhna a dh'fhalbh, anns abheil companaidhean mòra cumhachd a' togail leasachaidhean mòr-sgèile thar raointean mòra de dh'fhearann.

Is e fearann-mònach a th' anns a' mhòr-chuid den fhearann sin – a-nis aithnichte mar aon de ar caraidean as cumhachdaiche anns an t-sabaid an aghaidh atharrachadh gnàth-shìde. Tha cumhachdan slànachaidh iongantach fiù 's aig mòinteach irioslaichte.

Is e nì àicheil eile gu bheil na buannachdan eaconamach air an stiùireadh gu mòr a dh'ionnsaigh luchd-earrann agus uachdaran prìobhaideach.

Cruthaichidh turbaineann ann an sealbh na coimhearsnachd 34 uair a bharrachd de bhuanachd eaconamach do dhaoine ionadail seach tuathanasan-gaoithe coimearsalta. Ach tha comasachd ath-nuadhachail coimhearsnachd iomlan a' tighinn gu dìreach aon sa cheud de chomasachd iomlan gaoithe air-tìr.

Bidh raon mara aibheiseach na h-Alba – sia tursan meud ar tomad-fearainn – deatamach do dh'fheumalachdan cumhachd an ama ri teachd. Tha am pròiseact ceadachd far-thìreach aig ScotWind a' gealltainn suas ri 25GW de chomasachd ùr – trì tursan a bharrachd na ar comasachd gaoithe iomlan air-tìr. Agus gu deatamach, tha e air £700m a ghintinn mar-thà ann an teachd-a-steach dìreach gu Riaghaltas na h-Alba.

## Mar phàirt de ro-innleachd cumhachd nàiseanta ùr, bu mhath le Urras Iain Muir gum faicte:

- Comasachd ath-nuadhachail ionadail agus ann an sealbh na coimhearsnachd air meudachadh bho 853 MW gu co-dhiù 3 GW.
- Còmhdachadh gach dachaigh gu ìrean Lochlannach gus caitheamh cumhachd a lùghdachadh.
- Cuimse làidir air stuthan ath-nuadhachail mara le buaidh ìosal, leithid thurbaineann air fìod ann an uisgeachan domhainn fada air falbh bho làraich-neadachaidh eòin-mara.
- Cumhachd-gaoithe air-tìr ùr a' seachnadh fearann-mònach agus ùirean eile le comas tasgadh càrboin.
- Leudachadh cumhachd-gaoithe air-tìr a' cuimseachadh air tuathanasan gaoithe air aontachadh ach gun togail fhathast, agus air ath-chumhachdachadh phròiseactan a choileanas slatan-tomhais planaidh.

# Cothrom, cur-seachad agus eadar-ghluasad ceart



Tha laghan ruigsinneachd na h-Alba nan culaidh-farmaid aig an t-saoghal mhòr, ach chan eil làithean nan geataichean glaiste agus sanasan 'cùm a-mach' seachad fhathast. Agus fhad 's a tha draghan dligheach ann mu 'champachadh salach' ann an cuid a dh'àiteachan, dh'fhaodadh tuilleadh shònaichean toirmeasg a bhith nan toiseach air nì a dh'fhaodadh fàs gus tuilleadh cuibhreachaidh air ruigsinneachd fhìrinneachadh.

Chan eil ruigsinneachd phoblach mu dheidhinn chòraichean laghail a-mhàin. 'S ma dh'fhaodte gu bheil beanntan aibheiseach na h-Alba ainmeil air feadh an t-saoghail, ach chan eil ach glè bheag de ar slugh fhìn a' falbh a-steach do na cealbaichean sin. Dhaibhsan a tha a' còmhnaidh sna coimhearsnachdan as bochda againn, do mhion-slugh cinnidheach, do mhòran bhoireannach, tha na h-àiteachan as fhìadhaiche fhathast cho dìomhair ri taobh eile na gealaich.

Tha bacaidhean air ruigsinneachd a' gabhail a-steach bochdainn, gainnead seilbh air càraichean, còmhdhail phoblach thearc agus chosgail, àite-fuirich cosgail, uidheam a' bhlàir a-muigh aig prìs do-cheannach agus faireachdainn san fharsaingeachd gu bheil 'Am Blàr A-muigh' air a ghleidheadh dhaibhsan bho chùl-raon nas beartaiche.

Tha am fios bho Riaghaltas na h-Alba mu shiubhal an-asgaidh do gach neach fo 22 bliadhna a dh'aois air busaichean poblach na cheum mòr a dh'ionnsaigh togail mac-meamna dhaoine òga seachad air an àrainneachd ionadail. Bu chòir dhuinn beachdachadh air ciamar a thogas sinn air sin, agus dòighean ùra a lorg air àiteachan fiadhaich na h-Alba fhosgladh a-mach dhaibhsan a tha air am bacadh mar thoradh air an suidheachaidhean sòisealta.

Choisinneadh inbheisteadh poblach air a stiùireadh a dh'ionnsaigh dhaoine agus nàdair a thoirt nas dlùithe da chèile buannachdan farsaing sòisealta, slàinte agus eaconamach fada a-steach don àm ri teachd.

## Gus cuideachadh le barrachd de ar slugh ath-cheangal ri àiteachan fiadhaich agus iomallach, bu mhath le Urras Iain Muir gum faicte:

- Sgeamaichean pileit airson àiteachan-fuirich chur-seachadan ann an àiteachan fiadhaich a leasachadh aig prìs reusanta, a leithid hutaichean, caibeaineann agus làraichean-campachaidh bunasach.
- Còmhdhail phoblach dhùthchail ga leasachadh agus siubhal bus is rèile lasaichte agus an-asgaidh ga leudachadh.
- Cothrom a thoirt do gach sgoilear sgilean a' bhlàir a-muigh ionnsachadh, a' gabhail a-steach maraireachd, Còd Ruigsinneachd A-muigh na h-Alba agus Gàidhlig bhunasach crutha-tìre.
- Dìon agus ath-neartachadh air 'Còir Coiseachd', a' gabhail a-steach cur an gnìomh laghail mar a bhios iomchaidh.